

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

## Caisteal Dhùn Bheagain (1)

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.macleon@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleon@bbc.co.uk). This is Litir 1,055. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 751 corresponds to Litir 1,055.*

O chionn grunn bhliadhnaichean, ann an Litrichean còig ceud ochdad 's a h-ochd (588) agus ochdad 's a naoi (589), dh'inns mi dhuibh mun Bhrataich Shìth no *Fairy Flag* aig Clann 'ic Leòid. Tha i gu math sònraichte, agus tha i air Clann 'ic Leòid a chumail sàbhailte.

Nise, feumaidh mi seo aideachadh dhuibh – agus nàire orm – cha robh mi air a' bhratach fhaicinn gu o chionn ghoirid nuair a chaidh mi timcheall Caisteal Dhùn Bheagain anns an Eilean Sgitheanach. Chan eil mi cinnteach carson a thug e cho fada dhomh a dhol ann ach, co-dhiù, choilean mi sin am-bliadhna. Agus chòrd mo thuras rium.

Cha chanainn gun robh a' bhratach cho brèagha 's a bha mi an dùil. Gu dearbh tha i ann an droch staid, le tuill gu leòr innte. Ach tha i fhathast gu math cumhachdach, co-dhiù ann an inntinn Leòdach air feadh an t-saoghail.

Tha mi ag ràdh 'i' oir, dhòmhsa, tha am facal 'bratach' boireanta. Mar sin, 's e 'A' Bhratach Shìth' a chanainn rithe, agus 's e sin a th' anns na faclairian. Ach tha muinntir a' chaisteil a' gabhail 'Am Bratach Sìth' oirre, anns na leabhraichean is soidhnichean, mar gu bheil am facal *bratach* fireanta. 'S dòcha gu bheil ann an dualchainnt Dhùn Bheagain, no 's dòcha gur e mearachd a th' ann. Ma tha Gàidhlig na sgìre agaibh fhèin, bhiodh e math cluinntinn bhuaibh air a' chuspair sin.

Co-dhiù, bha e math a' bhratach fhaicinn. Tha coltas annasach, iongantach oirre. Tha eòlaichean clò ag innse dhuinn gun deach a dèanamh ann an Siria no Eilean Rhodes anns a' cheathramh linn an dèidh Chrìosda. Tha i air a dèanamh de shìoda.

Thug **an seachdamh ceann-cinnidh Leòdach air fhichead** a' bhratach a Lunnainn turas airson obair-glèidhidh a dhèanamh oirre. Ann an Taigh-tasgaidh a *V and A*, thug eòlaiche sùil gheur oirre. Thuir esan gun robh e dhen bheachd gum buineadh i don Ear-mheadhanach agus gur dòcha gur i a' bhratach a thug an Rìgh Lochlannach, Harald Hadrada, dhachaigh leis, an dèidh dha a bhith ri spùinneadh thall anns na dùthchannan sin.

'Ist,' fhreagair an ceann-cinnidh Leòdach, 's dòcha gun creid thu fhèin sin, ach tha fios agams' gun deach a toirt do mo shinnsirean leis na sìthichean.'

'A, uill,' thuir an t-eòlaiche, '**'s ann agads' a tha fios nas fheàrr na th' agams'!**'

Ach ciamar a fhuair na Leòdaich a' bhratach bho na sìthichean? Uill, tha ceithir diofar stòiridhean air an toirt seachad ann an Caisteal Dhùn Bheagain. Anns a' chiad dol a-mach, thathar ag innse mu thuras a chaidh an ceann-cinnidh a-null don Tìr Naoimh mar phàirt de Chogaidhean na Croise. Thachair e ri aonaran a bha a' fuireach ann am bealach anns na beanntan. Thug an t-aonaran rabhadh dha gun robh spiorad boireann olc a' fuireach air mullach a' bhealaich. Bhiodh i a' marbhadh duine sam bith a bha na fhìor chreidmheach. Chan fhaigheadh duine seachad mura robh pìos dhen fhìor chrann-cheusaidh aca.

Uill, cha do ghabh an Leòdach ri sin. Mharbh e an spiorad. Mus do chaochail i, dh'iarr i air an clò a bha timcheall a meadhain mar chrios a thoirt leis, agus bratach a dhèanamh dheth. Agus 's e sin a' Bhratach Shìth. Ach tha stòiridhean eile ann mu a deidhinn, agus innsidh mi iad sin dhuibh an-ath-sheachdain.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** choilean mi: *I fulfilled*; boireanta: *feminine*; obair-glèidhidh: *conservation work*; aonaran: *hermit*.

**Abairtean na Litreach:** tha i air Clann 'ic Leòid a chumail sàbhailte: *it has kept the MacLeod clan safe*; feumaidh mi seo aideachadh dhuibh – agus nàire orm: *I have to admit this to you – to my shame*; cha robh mi air a' bhratach fhaicinn gu o chionn ghoirid nuair a chaidh mi timcheall Caisteal Dhùn Bheagain: *I hadn't seen the flag until recently when I went around Dunvegan Castle*; cha chanainn gun robh a' bhratach cho brèagha 's a bha mi an dùil: *I wouldn't say the flag was as beautiful as I had expected*; le tuill gu leòr innte: *with plenty of holes in it*; ann an inntinn Leòdach air feadh an t-saoghail: *in the minds of MacLeods throughout the world*; anns a' cheathramh linn an dèidh Chrìosda: *in the fourth century after Christ*; air a dèanamh de shìoda: *made of silk*; ann an Taigh-tasgaidh a V and A, thug eòlaiche sùil gheur oirre: *in the Victoria and Albert Museum, an expert examined it*; gum buineadh i don Ear-mheadhanach: *that it belonged to the Middle East*; an dèidh dha a bhith ri spùinneadh thall anns na dùthchannan sin: *after he had been plundering out in those countries*; gun deach a toirt do mo shìnsirean leis na sìthichean: *that it was given to my ancestors by the fairies*; mu thuras a chaidh an ceann-cinnidh a-null don Tìr Naoimh mar phàirt de Chogaidhean na Croise: *about a time the clan chief went over to the Holy Land as part of the Crusader Wars*; chan fhaigheadh duine seachad mura robh pìos dhen fhìor chrann-cheusaidh aca: *nobody would get past unless they had with them a piece of the true crucifixion cross*, dh'iarr i air an clò a bha timcheall a meadhain mar chrios a thoirt leis: *she asked him to take with him the cloth that surrounded her as a girdle*.

**Puing-chànain na Litreach:** an seachdamh ceann-cinnidh Leòdach air fhichead: *the 27th chief of the MacLeods*. Although the 'new' decimal system (it's not really new in Gaelic at all!) is generally preferable today with cardinal numbers, it is not as neat as the vigesimal system with ordinal numbers. 27th can be given as 'fichead 's a seachdamh' or 'ficheadamh 's a seachd' but 'seachdamh air fhichead', to me, is clearer. Similarly, 37th is 'an seachdamh X deug air fhichead' (or, if you prefer, an trithead 's a seachdamh X).

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** 's ann agads' a tha fios nas fheàrr na th' agams': *you know better than I do*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA